

Sgeulachdan na Tìre

23 – 27/28 An t-Iuchar, 2007

A (bhana)charaid,

Mòran taing airson ùidh a bhith agaibh a thighinn còmhla rinn a Stafainn, san Eilean Sgitheanach, airson na seachdain ‘Sgeulachdan na Tìre’. Tha sin a’ coimhead air adhart gu mòr ris.

’S e Ceumannan, ‘taigh-tasgaidh san àrainneachd’ no ecomuseum air a ruith le Urras an Taobh Sear, a tha a’ cur nan saor-làithean air dòigh. Mairidh na saor-làithean còig/sia latha – 23mh – 27/28 an t-Iuchar, 2007. Cosgidh e £160 (a’ gabhail a-staigh seiseanan & cuairtean le treòraiche, còmhdhail airson na buidhne, cisean dorais, tachartasan air an oidhche, diathad aotrom, tì/cofaidh, dinnear air an oidhche mu dheireadh). Chan eil sin a’ gabhail a-staigh àite-fuirich. Tha dha no trì roghainnean ann. Faodaidh sinn liosta a thoirt dhuibh agus ur cuideachadh gu àite-fuirich fhaighinn. Innsidh sinn cuideachd dhuibh cò dhe na h-àiteachan-fuirich anns a bheil Gàidhlig air a bruidhinn.

Ma thig sibh còmhla rinn, cuiridh sibh ùine seachad còmhla ri oidean gu math eadar-dhealaichte, Maoilios Caimbeul, Sìne Gilleaspaig, Dùghall Ros agus Ailig (Bhaltois) Dòmhnallach. Nuair a thèid bàrd Gàidhlig an lùib clach-eòlaiche, chan ann creagach a bhios an tighinn còmhla, ach teinnteach. Agus nuair a tha an oide agad na chroitear tron latha agus na eòlaiche fosail feasgar, dè a bharrachd a lùigeadh duine. Thàinig cruth na tìre gu bith tron mheasgachadh de theine, de chreig ’s de dheigh. Tha sinn a’ tabhainn measgachadh de cò-dhiù ceithir saoghail dhuibh. Agus sin mus cuir sibh fhèin cas air an talamh! Thigibh agus cruthaichibh ur ceanglaichean fhèin. Agus seinnibh òran aig ar cèilidh.

’S ann ann an Stafainn as fheàrr a gheibh sibh eòlas air Drùim Thròndairnis. Bidh sinn a’ cur seachad deagh chuid dhen ùine air an raon a-muigh gus eòlas ceart fhaighinn air beatha agus cànan nan stallachan creige. Bidh pailteas cothruim ann coinneachadh ri muinntir an àite – agus Gàidhlig a bhruidhinn. Cha bhi barrachd air 15 ‘oileanach’ sa bhuidhinn (*ged, airson an fhìrinn innse, dh’ionnsaich sinn uile bho chèile an-uiridh*). ’S e seachdainn tro mheadhan na Gàidhlig a bhios ann agus ’s e sin an cànan a bhios aig na h-oidean.

Tòisichidh an t-seachdain aig 10.30m air Diluain an 23mh den Iuchar nuair a chuireas sinn aithne air a chèile le grèim bìdh agus fàilte aig an ionad Columba 1400. Bidh seiseanan làitheil ann bho 9.30m gu 4.30f. Thèid ur togail leis a’ bhus-bheag bho ur n-àite-fuirich gach latha. Bidh rudan a’ tachairt air an oidhche air co-dhiù trì dhe na h-oidhcheannan.

Ma tha sibh airson tighinn còmhla rinn gu ‘Sgeulachdan na Tìre’, bhiomaid gu mòr nur comain nan cuireadh sibh thugainn a’ bhileag-gleidhidh a tha ceangailte agus pàirt-airgid. Mòran taing. Tha mi cinnteach gu bi seachdain shònraichte againn còmhla a’ lorg a-mach rudan às ùr.

Ma tha dad eile ann nach do chòmhdach mi, cuiribh fios thugam.

Leis gach deagh dhùrachd

Meike Schmidt

Oifigear Pròiseict

Ceumannan

staffintrust@technacom.com

fòn 01 470 562 454

√ Clach-eòlas √ arc-eòlas √ eòlas fosail √ Gàidhlig
√ eachdraidh √ ainmean àite √ bàrdachd/òrain √ cèilidhean
√ fealla dhà ionadail √ eòlas ionadail √ muinntir an àite
√ bainne geal à bò √ sgealachdan de
√ croitearachd & dhubh gach seòrsa obair fearainn